

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Buain nan Coilleag

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,146. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 842 corresponds to Litir 1,146.

O chionn bliadhna no dhà, airson mo cho-latha-breith, fhuair mi prèasant – ’s dòcha car annasach. Ach bha mise gu math toilichte leis. Cheannaich mo bhean ràcan dhomh.

Chan e ràcan àbhaisteach a bh’ ann. Cha bhi mi ga chur gu feum airson gàirneilearachd. Tha seann ràcan **a nì a’ chùis dhomh** airson sin. Tha an ràcan a fhuair mi mar phrèasant fìor fhèin spaideil le fiaclan mòra, gleansach air.

Mura bi mi ga chur gu feum anns an leas, carson a bha mi cho toilichte leis? Uill, a chionn ’s gur e **ràcan-choilleag** a th’ ann, agus tha mi fìor mheasail air coilleagan mar bhiadh.

’S e maorach a th’ anns a’ choilleig – dà-mhogalach a tha a’ fuireach air tràighean. Ann an cuid de na h-eileanan, canaidh daoine *srùbain* riutha. Ann am Beurla, bidh sibh eòlach orra mar *cockles*.

’S toigh leam coltas na coilleig. Cha mhòr nach eil an creutair a’ coimhead cruinn nuair a tha na sligean dùinte. Tha an dà shlige co-ionann agus os-chearclach. Tha iad aisneach cuideachd. Ged a tha a’ mhòr-chuid de shligean-coilleig bàn, tha feadhainn glas no liath ann am pàirt, gu h-àraidh ma tha làthach am measg na gainmhich far a bheil iad a’ tighinn beò. ’S fìor thoigh leam coltas na feadhna sin.

Ma tha sibh eòlach air an tràigh, bidh fios agaibh gun lorgar coilleagan fon ghainmhich nuair a tha muir-tràigh ann. Ge-tà, eu-coltach ri muirsgianan, cha bhi coilleagan a’ falbh gu doimhneachd mhòr. Cha leig sibh a leas spaid a thoirt leibh airson coilleagan a bhuan. Nì ràcan a’ chùis.

Agus eu-coltach ri muirsgianan, cha leig sibh a leas a bhith a’ coiseachd gu socair, sàmhach, eagal ’s gun cluinn an creutair sibh. Chan eil agaibh ach ràcadh agus, ma tha sibh anns an àite cheart, gheibh sibh maorach an ceann ùine ghoirid. Chan eil iad fada fo uachdar na gainmhich. Tha e furasta gu leòr am buain.

Ge-tà, mholainn gu mòr nach toir sibh leibh ach na sligean as motha. Cuiribh an fheadhainn bheaga air ais agus còmhdaichibh iad le gainmheach a-rithist. Bu chòir do thràigh choilleag a bhith buan-mhaireannach.

Ciamar a thathar a’ dèiligeadh ris na coilleagan aig an taigh? Uill, ma tha sibh a’ fuireach ri taobh a’ chladaich, tha e furasta gu leòr. Ach ma tha sibh a’ fuireach pìos air falbh bhon chladach, mholainn gun toir sibh sàl leibh cuideachd ann am botail. Carson? Uill, bu chòir dhuibh na coilleagan a chur ann an sàl glan, agus an t-uisge atharrachadh co-dhiù dà thuras, feuch a’ ghainmheach a thoirt asta.

Ma tha sibh air a dhol a-steach a Bharraigh ann an itealan, bidh fios agaibh gum bithear a' laighe air tràigh-shrùban ris an canar An Tràigh Mhòr. Bidh feadhainn fhathast a' buain nan srùban ann.

Nise, mus fhalbh mi – seo beagan comhairle dhuibh ma bhios sibh fhèin ri buain nan srùban no nan coilleag. Nuair a thig a' ghaoth fhuar bhon àird a tuath, bidh agaibh ri ràcadh nas doimhne. Thàinig a' chomhairle sin bho Mhàrtainn MacIlleMhàrtainn o chionn còrr is trì cheud bliadhna.

Agus comhairle eile – cuimhnichibh nach eil maorach sàbhailte 'son ithe as t-samhradh. Fanaibh chun an fhoghair mus buain sibh coilleagan. Ach, ma tha ceann-bliadhna gu bhith agaibh anns an eadar-àm, cuimhnichibh gun dèanadh ràcan deagh phrèasant!

* * * * *

Faclan na Litreach: car annasach: *somewhat unusual*; maorach: *shellfish [can refer to them in both plural and singular]*; dà-mhogalach: *bivalve*; aisneach: *ribbed*; còmhdachibh iad: *cover them*; a' dèiligeadh ri: *dealing with*; sàl: *sea water*; Màrtainn MacIlleMhàrtainn: *Martin Martin*; 'son ithe: *for eating*.

Abairtean na Litreach: airson mo cho-latha-breith, fhuair mi prèasant: *for my birthday, I got a present*; cha bhi mi ga chur gu feum airson gàirneilearachd: *I don't use it for gardening*; fìor fhèin spaideil le fiaclan mòra, gleansach air: *really smart with big shiny teeth on it*; tha mi fìor mheasail air coilleagan mar bhiadh: *I really like cockles as food*; cha mhòr nach eil an creutair a' coimhead cruinn nuair a tha na sligean dùinte: *the animal almost looks round when the shells are closed*; tha an dà shlige co-ionann agus os-chearclach: *the two shells are equal and convex*; tha feadhainn glas no liath ann am pàirt: *some are dark or light grey in part*; gu h-àraidh ma tha làthach am measg na gainmhich far a bheil iad a' tighinn beò: *particularly if there is fine mud amongst the sand in which they live*; 's fìor thoigh leam coltas na feadhna sin: *I really like the appearance of those*; gun lorgar coilleagan fon ghainmhich nuair a tha muir-tràigh ann: *that cockles will be found under the sand at low tide*; eu-coltach ri muirsgianan: *unlike razorfish*; cha leig sibh a leas spaid a thoirt leibh airson coilleagan a bhuain: *you don't need to take a spade with you to harvest cockles*; a' coiseachd gu socair, sàmhach, eagal 's gun cluinn an creutair sibh: *walking gently and quietly in case the creature should hear you*; nuair a thig a' ghaoth fhuar bhon àird a tuath, bidh agaibh ri ràcadh nas doimhne: *when the cold wind blows from the north, you will have to rake more deeply*.

Puing-chànain na Litreach: a chionn 's gur e ràcan-choilleag a th' ann: *because it's a cockle-rake. The genitive plural form of coilleag is quite interesting. If the word were a modern loan we would say a' buain nan coilleagan 'harvesting the cockles' (with the noun in its genitive plural form). But, as it's an old word, it follows an older grammatical model, with the genitive plural form being the same as the nominative singular – so we say a' buain nan coilleag. Thus a 'rake of [for] cockles' is a ràcan-choilleag – or, where srùban is used for 'cockle', a ràcan-srùban.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Tha seann ràcan a nì a' chùis dhomh airson sin: *there is an old rake which will do the job for me for that.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA